

**Àinmean-àite ann am Beàrnaraigh, na Hearadh, a tha mar fhianais air cleachdadhean fhearrann rè nan linn.**

**Àiteachan ann am Beàrnaraigh**

Càite bheil iad?

Ruig iad mas urrainn dhut

Cuir ceart gin tha ceàrr

Cuir tuilleadh ris an àireamh

A bheil naidheachd sam bith mun deidhinn?

Tha an t-ainm Bearnàraigh a' tighinn bhon t-Seann Lochlannais agus tha deasbad ann a thaobh ciallachadh an ainm m.e. tha MacAulay (1972:334) dhen bheachd gu bheil e a' ciallachadh eilean *Bjorn*, ainm Lochlannach pearsanta, fhad 's a tha Pálson (1996:314) a' creidsinn gu làdir gur e dà fhacal Lochlannach *björn* (*sa chuis għinidich*) = mathan agus *øy* = eilean. Seo deagh eisimpleir gus sealltainn nach eil eadhan na h-eòlaichean ag aontachadh uaireannan air ciall ainmean-àite. Tha an t-eilean c.3½ miltean de dh'fhaid, agus c.2 mhile de leud 's e na laighe eadar Uibhist a-tuath agus na Hearadh. Leis na taighean air an togail air taobh an ear, air taobh an iar tha tràigh àlainn na laighe dlùth ris a' mhachair, far a bheil deagh thalamh torrach airson arbhar is buntàta fhàs. Chan eil mòine san eilean agus mar sin mus robh gual ri fhaighinn bha aig na h-eileanaich ri bàta a ghabhail do na h-eileanan beaga faisg air làimh gus mòine a ghearradh. B'e obair an eilein, iasgach, croitearachd agus eaconomaidh-dachaigh m.e. fighe, sniomh is breabadaireachd. Tha buaidh nan Lochlannach air an eilean ri a faicinn le cleachdadhean faclan Lochlannach am broinn nan ainmean-àite agus sna h-ainmean pearsanta, m.e. MacAsgaill agus MacLeòid.

Mar a bha mi an dùil, cha robh mòran de na h-ainmean-àite air a bheil mi eòlach air na mapaichean (S.O. 1904) agus (S.O. 1885), agus far an do nochd iad, gu tric bha measgachadh ann de Ghàidhlig is Bheurla, m.e. Knock Gune, Risgarry, Beasdarra, Sheabie etc. Mar a thuig MacAulay (1972:314-315), 's ann bho na daoine fhèin, ann am Beàrnaraigh a fhuair mi an cuideachadh as fheàrr. Tha ainmean-àite aca nach urrainnear fhaighinn ach bhupa.

Tha an aiste seo a' cumail ri cleachdadhean fhearrann, ach tha mi air cuid de na h-ainmean-àite a thoirt a-staigh a tha cleachdte ri iasgach agus dòigh-beatha an t-sluaigh. Bu mhath leam iasad a ghabhail bhon smuain aig Fraser (1992:204) gus na h-ainmean a chur ann an seòrsa de dh'òrdugh mar a leanas, ainmean-àite ceangailte ri:

- 1) talamh àitich far an do ghabhdh treabhadh a dhèanamh.
- 2) talamh ionaltraidh, agus gearraidhean, pàircean, faingean a tha a' toirt fasgadh do na beathaichean no airson na beathaichean a chumail gus obair shònraichte a dhèanamh, m.e. rùsgadh, bleoghann, comharrachadh nan uan (Fraser 1994:223)
- 3) àiticheadh far an deach an t-arbhar, feur a chumail
- 4) obair nach eil a' tarraig air àiteachas m.e. iasgach, ceilp, luchdachadh bathar, mòine is beathaichean air eathraichean, bàtaichean.

Talamh àitich

**Achadh** Ged a tha am facal seo air a chleachdad gu tric air feadh na Gàidhealtachd (Fraser 1992:205-06), 's e facal bhon tìr-mhòr a th' ann seach facal bho na h-eileanan. Cha b' urrainn dhomh a lorg ach aon turas ann am Beàrnaraigh, agus b' e sin Achadh na Clraigionn.

**Cnoc nan Clàigeann** MacKillop (1983:9). Clraigionn - Tha da mhìneachadh air an fhacal seo, Fraser (1992:212) agus Dwelly (1977:203) – a) Clàigeann (claban-cinn) agus b) an talamh as fheàrr airson treabhadh.

**Tobar na Leth-Pheighinn** agus **Leth-Pheighinn**. Tha na h-àiteachan seo shios faisg air Rudha Bhoisinnis. Airson mineachadh air ciallachadh *peighinn* coimhead air Dwelly (1977: 719). Nuair a chaidh an talamh a roinn, 's e Ròinn nan Talamhan a bh' air. Chaidh ainmean nan croitearan a chur ann an ad, agus mar sin, chaidh an talamh a roinn gu ceart.

**Gead an Aonaich**, MacKillop (1983:40). A reir Dwelly (1977:481), tha *gead* a' ciallachadh *pìos beag de thalamh so-threabhaidh no feannag*, am measg rudan eile.

#### **A' Chròic** MacKillop (1983:7)

Seo feamainn a tha air a tilgeadh far na creagan 's na sgeirean aig toiseach na bliadhna nuair a bhios na stoirmean a' bristeadh. Sna seann làithean bha gach croitearan ceadaichte sia cairtean gach latha a ghabhail gus todhar a chur air an talamh. San là an-diugh, tha croitearan fhathast ga togail, ach 's urrainn dhaibh na tha iad ag iarraidh fhaighinn.

#### Talamh ionaltraidh agus pàircean

Cha b' urrainn dhomh sgeul fhaighinn air an fhacal **àirigh** ann am Beàrnaraigh ach aon turas agus 's e seo Cnoc nan Àiridheann, MacKillop (1983:26). Chaidh na caoraich a thoirt do na h-eileanan beaga mun cuairt airson ionaltraidh. Tha na croitearan fhathast a' fàgail nan caorach air Borroraidh. Chan eil ach ceathrar a-nis le caoraich ann. Thèid na h-uain a thoirt dheth gus an reic.

Sgriobh Fraser (1992:204), “Animal husbandry was an occupation which spawned a wide variety of terms associated with grazing, breeding, droving, the pounding of stray animals, and the construction of shelters to protect them from severe weather.”

Uaireannan cha robh na fasgaidhean seo ach neo-bhuan, le ballaichean air an déanamh bho sgrath is chloich, agus tha na h-ainmean beò an-diugh fhathast ann an inntinnean nan eileanach a-mhàin. Chan eil iad ri fhaicinn air mapaichean. Uaireannan eile ge-tà, chaidh ballaichean cloiche, làdir a thogail, agus tha pàirt dhiubh ri fhaicinn fhathast air cruth na tire Fraser (1994:223-5).

#### Gearraidean

'S e facal cumanta a tha seo san eilean, 's e a' ciallachadh pàirc far an deach na beathaichean a chumail airson ionaltraidh, le feur beartach. 'S e facal Lochlannach a th' ann (faic gu h-ìosal). Ann an Uibhist a-Tuath, tha *gearraidh* air a chleachdad airson cùl a' bhaile, an àrainn eadar an coitcheann agus an talamh àitich. Fraser (1973:158).

Tha an liost a leanas a' tighinn bho MacKillop (1983)

**Ruisigearraidh** – fear dhen dà bhaile ann am Beàrnaraigh. 'S e **Borgh** ainm a' bhaile

eile. Tha dà fhacal Lochlannach ann an Ruisigearraidh - talamh torrach nan each Mac an Tàillear (2003)

**Loch Huisigearraidh agus Mullach Huisigearraidh**

Bhon Lochlannais *hus a'* ciallachadh taigh, Fraser (1973:155).

**Bheill-Gearraidh (no Milligearraidh) agus Lochan Mhill-Gearraidh**

**Treall-Gearraidh**

**H-eigearraidh no Eag-Gearraidh**

**Gearraidh a' Bhàigh**

**Gearraidh Loch Àth Lòdar** Tha *àth a'* ciallachadh sa Bheurla *ford* no *kiln*. Mar sin tha taghadh againn.

**Buaile Ghearraidh Dheòirean**

**Gearraidh na Làrach**

**Creag Gearraidh a' Ghobha**

**Gearraidh na Creadha**

**Gearraidh nan Sgadan**

**Gearraidh Iain Bhig**

**Gearraidh na Tuatha**

**Gearraidh Choinnich** (Croit 7, Borgh)

**Pàirc**

Chan eil an t-ainm seo cumanta ann am Beàrnaraigh. A-rèir Fraser (1992:210-211), lorgar am facial seo gu tric sa Ghàidhealtachd. Cha do nochd an t-ainm gus an 18mh linn le Leasachadh an Fhearin. San eilean, tha : **Am Pàirc, Pàirc Cill-Aiseim (no Eiseam), Bearradh na Pairce, Cotan na Pàirce, Creag Mhòr na Pàirce, Phàirc Chaol**, MacKillop (1983) & Liosta NicLeòid & mapa Dix. Tha Am Pàirc, Cotan na Pàirce (Cotan= buaile bheag airson laoigh), Dwelly (1977:258), Bearradh na Pàirce agus Cill-Aiseam uile faisg air a chèile ann an Ruisigearraidh.

**Buaile** – pàirc bheag far am biodh crodh is caoraich air an cumail. Gu tric a-rithist, chan eil sgeul air an ainm seo air mapaicheadan; 's dòcha nach robh cuid dhiubh ach neo-bhuan, ach tha iad a' mairsinn fhathast ann an inntinnean nan daoine ann am Bearnàraig, Fraser (1994:226).

Tha an liosta a leanas a' tighinn bhon artaigil aig MacKillop (1983):

**Buaile Thasgaill**

**Tobar Buaile Phuil**

**Buaile Fhionnlaidh**

**Buaile Ruairidh 'ic Ailein**

**Buaile Ghearraidh Dheòirean**

**A' Bhuaile Chloiche**

**Bràigh na Buaile Mòire**

**Buaile nam Feadag**

**Buaile Gearraidh Amhrainn**

**Bhuaille Chruidh**

**Buaile nan Gamhna** (airson nan gamhna)

## **Buail' a' Chail** (airson nan laogh) **Cnoc na Buaile**

### **Fang/Faing**

Àiteachan mar is trice faisg air talamh-ionaltraidh air an cleachdadhl leis a' choimhearsnachd airson rùsgadh, breith nan uan, coimhead às dèidh slàinte nan caorach, agus tha iad fhathast air an cleachdadhl san là an-diugh, air an dèanamhl le saimeant is fiodh, is gu tric tha uisge a' tighinn tro phìob bho allt a tha faisg air làimh Fraser (1994:233). Tha mi air Faing Bhuirgh agus Faing Ruisigearraidh a chur air a' mhapa.

**Cotan** – buaile bheag airson laoigh, Dwelly(1977:258). **Cotan na Pàirce** NicLeòid (Leabhran) & MacKillop (1983). Tha Fraser (1973:157) a' cleachdadhl **cotan** airson buaile bheag far an robh uan air an cumail ge-tà. Tha e a' cleachdadhl **cuidhe** airson na laoigh a chumail (Ibid).

### **Mol na Bàthaich** MacKillop (1983:24)

A' ciallachadh mol airson na bàthcha.

### **An t-Ùireadh** MacKillop (1983:42)

Tha an t-ainm seo a' tighinn bho chartadh na bàthcha ann am Borgh, nuair a bha an ùir agus an toradh bhon bhàthaich air an sgaoileadh air an talamh.

### **Cròdha na Gobha** MacKillop (1983:39)

Tha cròdha a' ciallachadh àite-iathaidh, gu h-àraidh airson chaorach no ghobhar Cox (1991:144)

### **Cachaileath na Beatha**

Cachaileath = geata neo bealach neo-bhuan a chaidh a dhèanamh ann am baile na pàirce mar throimh-rathad airson cruidh no chaitrichean, Dwelly(1977:145), m.e. *A' Bhuaile Mhòr*, faisg air an Talla ann am Beàrnaraigh.

### **Tràigh Bheasdaire** MacKillop (1983:37)

Tha MacKillop dhen bheachd gu bheil *Beasdaire* bhon t-Seann Lochlannais *bólstaðr* a' ciallachadh *tuathanas* no àite far an deach crodh a chumail. Tha Nicolaisean (2001:119) a' toirt iomradh air an fhacal *bólstaðr* mar àite far am biodh deagh thalamh torrach.

### Àite far an robh an t-arbhar a chumail

**Iodhlann** - Fraser (1992:211). Tha **Rubha na h-Iodhlainn** ann am Beàrnaraigh. Seo àite far as urrainn dhaibh an crodh a chumail air falbh bhon arbhar. MacKillop (1983:22)

### **An Sòrn** MacKillop (1983:21)

Àth far an deach arbhar a thiormachadh.

**Cnoc an Eararaidh** MacKillop (1983:31)

A-rèir Dwelly (1977:383), tha dà mhineachadh aig *eararadh* a) fear-faire nam marbh b)  
tiormachadh gràin ann am poit os cionn teine

**Cnoc an Dùdain** (MacKillop (1983:34)

A reir Dwelly (1977:370), tha *dùdan* a' ciallachadh *duslach a' mhuilinn*.

Obair Eile

**Laimrig (laimhrig) agus Port**

Tha MacAulay ag ràdh (1972:317) gur e *laimrig* na àite nadarra agus gur e *port* na àite a chaidh a dhèanamh le duine far an deach na bàtaichean a luchdachadh agus/no a thoirt gu tìr. Thathar a' smaoineachadh gur e falal fillte Lochlannach a th' ann an *laimrig*, Pálson (1996:318), air iasad bhon t-Seann Lochlannais *hlaðhamarvik*, ach chan eil Pálson cho cinnteach mu dheidhinn seo.

Nuair a chaidh an t-àite air a dhèanamh le làimh - *port*, bhiodh na daoine a' togail cidhe beag le clachan airson gum faigheadh na h-eathraichean a-staigh airson móine etc. a thoirt gu tìr.

Fhuair mi an liost a leanas bho MacKillop (1983)

**Laimhrig Mhòr**

**Laimhrig a' Ghràin**

**Laimhrig nam Muirsgean**

**Laimhrig na Lùdaig**

**Laimhrig Mhic Cruimein**

**Laimhrig Thormoid Dhuinn**

**Laimhrig Mhurchaidh 'ic Cumhais**

**Laimhrig Chalum Iain Òig**

**Laimhrig Ruadh**

**An Laimhrig**

**Port MhicPharais**

**Port a' Chambair**

**Port Mhic 'Ill Amhrainn**

**Port an Truisg**

**Port Dhomhnaill 'ic a' Bhiocair** (a' Phiocair?, faic NicLeòid (Liosta)

**Port Cùl Mhic Shomhairle**

**Port Ailig**

**Port na Lùdaig**

**Port nan Cam Phortan**

**Port nan Caillich**

**Port nam Marbh**

**Port na Geòla**

**Leac an Aiseig** far a bheil an cabhsair a' bualadh air Beàrnaraigh san là an-diugh. Seo

àite far an deach na beathaichean a' dol air aiseig gu Uibhist a-Tuath airson reic MacKillop (1983:22).

### **Sgeir a' Chruidh** MacKillop (1983:14)

Sgeir far an robh crodh air an aiseag gu Uibhist a-Tuath airson reic

### **Braigh na Ceilp**

'S urrainnear seo fhaicinn aig Rudha Bhoisinnis, dìreach os cionn na tràighe, NicLeòid (Bileag).

### **Càrnan a' Chnuic Ruaidh**

Àite far an deach càrnan a thogail gus stamh a thiormachadh aig àm gnìomhachas na ceilpe MacKillop (1983:8).

### **An Abhainn Cheap**, MacKillop (1983:18).

Chaidh an abhainn bheag seo a ghearradh leis na croitearan bho Bhorgh mu 1900, gus an talamh a dhrèanadh. Tha am facal *ceap*, a' tighinn bho na caoban a thàinig bho spaidean nan croitearan nuair a bha iad a' gearradh an drèan.

### **Am Bota Creadha**, MacKillop (1983:23)

Tha an crèadh seo de dh' inbhe àrd agus chaidh a chleachdadadh eadhan an linn-sa chaidh airson ùrlaran agus teallaichean a dhèanamh.

### **An Seòmar Ùr** MacKillop (1983:27)

Seo am punnd ann am Borgh far an deach na h-eich sheachrain a chumail.

### **Tarabhidh** MacKillop (1983:37)

Tha *tara* na fhacal Lochlannach airson *feamainn*, agus tha *vik* a' ciallachadh *camas*. Chaidh innse dhomh le Domhnall MacKillop gum biodh na Hiortaich a' tighinn gu tir aig an àite seo gus buntàta siol fhaighinn bho Bheàrnaraigh.

### **Rudha an Aoil** NicLeòid (Liosta)

Chaidh an aol a chleachdadadh airson taighean a thogail.

### **Clach an Lìn** MacKillop (1983:42)

Thatthar a ràdh gun deach lòn fhàs an seo bho chionn fhada. Tha e suidhichte faisg air an talla choimhearsnachd.

Tha liosta mhòr air **tobraichean**, 's urrainnear fhaicinn air duilleagan 47-49 MacKillop (1983). Cha tàinig uisge ann am pioban dhan eilean gu 1958, mar sin bha aig na h-eileanaich ri uisge bho na tobraichean a chleachdadadh (Comhairle Siòrrachd Inbhir Nis (1958)).

Le a bhith a' cleachdadadh mapa Suirbhidh Òrdanais 1885 mar bhunait, agus le taic bho Dòmhnaill MacKillop, tha mi air feuchainn ri cuid de na h-ainmean-àite air an robh mi a' bruidhinn a chur ris a' mhapa. Tha an rannsachadh airson na h-aiste seo air sealtainn

dhomh cho cudromach ri eachdraidh agus dùthchas 's a tha ainmean-àite, gu h-àraidh an fheadhainn a tha ann an cuimhne nan seann daoine a-mhàin. Tha eachdraidh air tighinn beò dhomh.

'S mòr am beud gu bheil sinn air cuid de na h-ainmean a chall mar-thà, agus tha seo a' dèanamh soilleir cho taingeil 's bu chòir dhuinn a bhith ri daoine coltach ri Donald MacKillop airson na h-obrach a rinn e.

### Clàr-Leabhair

TGSI = Transactions of the Gaelic Society of Inverness

COMHAIRLE SIORRACHD INBHIR NIS. (11mh Màirt 1958) *Water schemes in Outer Islands* (SW/LB)

COX, Richard A.V. (1991). *Brigh Nam Facal: Faclair ur don Bhun-sgoil*. Glaschu: Oilthigh Ghlaschu, Roinn nan Canan Ceilteach

DWELLY, Edward (9mh clo-bh. 1977) *The Illustrated Gaelic/English Dictionary*. Glaschu: Gairm

FRASER, Ian (1973). "The Place-Names of Illeray". *Scottish Studies* Vol. 17 Td. 155-161

FRASER, Ian A. (14mh Gearran 1992). "The Agricultural Element in Gaelic Place-Names". *TGSI*. Vol. LVII Td. 203-223

FRASER, Ian A. (18 Mairt 1994). "The Agricultural Element in Gaelic Place-Names Part II". *TGSI*. Vol. LVIII Td. 223-246

MAC AN TÀILLEAR, Iain (1973) *Liosta de Ainmean-Àite*

MACAULAY, Donald (18 Gearran 1972). "Studying the Place Names of Bernera (Leòdhas)". *TGSI* Vol. XLVII 1972 Td313-337

MACKILLOP, Donald (11 Gearran 1983). "The Place Names of Berneray". *TGSI* Vol. 53 Td 115-164

NICOLAISEAN, W.F.H (Clo-bh. ur, 2001). *Scottish Place-Names*. Dun Eideann: John Donald.

NICLEÒID, Eighrig (nach maireann) (?) 's dochas sna 80an) *Berneray*. Bileag – Proiseact Bord Leasachaидh na Gaidhealtachd is nan Eilean. Inbhir Nis: Gillean a Bearnaraigh

NICLEÒID, Eighrig (nach maireann) (?) *Aiteachan ann am Bearnaraigh*. Liosta

ainmean-aite nach deach fhoillseachadh. Lethbhreac pearsanta agam.

PÁLSON, H (1996). “Towards a Glossary of Norse Place Names in Lewis and Harris”. *Scottish Gaelic Studies* Vol. XVII Td. 314-324

Suirbhidh Ordanais – Mapa, “Sollas” Duilleag 89 1885

Suirbhidh Ordanais – Mapa, “Hebrides, Harris, North Uist &C. [Inverness-shire]” Duilleag 26. Dara Edition 1904

### Buidhechas

Bu mhath leam taing shonraichte a thoirt dhan fheadhainn a leanas:

**Donald MacKillop** airson an agallaimh a thug e dhomh ’s e a’ dol tron artaigil a sgriobh e airson Comunn Gaidhlig Inbhir Nis. ’S e duine, coibhneil, foighidneach a th’ ann le eolas beartach air an eilean far an do thogadh e.

**Archie Dix** airson lethbhreac de dhealbh-duthcha Bhearnaraigh air a chur ri chèile le a làimh fhèin.

**Ruairidh MacAskill** airson fiosrachaidh a bharrachd air an eilean a thug e dhomh.

**Tormod MacKillop** airson mineachadh a bharrachd a bha a dhìth orm.